

[Page 42 - Memories of Giant MacAskill In Gaelic from MacTalla, 1893](#)

ISSUE : [Issue 72](#)

Published by Ronald Caplan on 1997/6/1

sin maille ri athair 's ri bhraithrean. Bu dhuine gle bheag athair, ach bha e gle laidir dhe mheudachd, agus bha mhathair rud- eigin nas airde na 'n cumantas. Rugadh iad le cheile air Eilean Leodhais, agus 'sann an sin mar an ceudna a rugadh am mac air a bheil mise toirt iomradh. Bha coignear mhac eile aca, agus dithis nighean, 's bha iad uile de neart 's de mheudachd chuimseach. Tha chuid a's mo dhiubh beo fhathast. Gus an robh e sia bliadhna deug a dh-aois, cha robh e fas air dhoigh neo-abhaisteach na neart no na mheudachd, ach an deigh sin thugadh fa near gu robh e fas gu bras, 's gu robh e anabarrachs laidir, Bha e gle chiuin na nadar agus car lunnach na ghlu- asad, agus cha chuireadh e a neart an ceill gus am biodh a nadar air a dhusgadh. Bha e seachd troidhean us naoidh oirlich a dh-airde, agus b' fheudar da athair lobhta 'n taighe a thogail traidh no dha gus co- throm a thoirt dha air coiseachd a stigh gun a cheann a chromadh. Chunna mise cota, botuinn, agus nithean eile a bh'aige, 's a tha air gleidheach gu curamach le bhraithrean. Dh-fheuch mi an cot umam, agus 'nuair nach b'urrinn domh a lionadh no faisg air, dh-iarr mi air di? this eile dhol comhlath rium, agus dhuin e umainn gun strith sam bith. Bha a bhotuinn ochd oirlich dheug a dh-fhad, agus rachadh agam air mo dha chois a chur innte gu

• YOUR COMPLETE INTERIOR DECORATING CENTRE • Mr. Paint Ltd. "Drop in for personalized, friendly service." ' Free Computer Matching Service WALLCOVERINGS Simms - Pintar BRUSHES & PAINTING ACCESSORIES Complete line Of